

25 Faoilleach 2022

A phàraint/neach-cùraim chòir,

Tha Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh an-dràsta a' tadhail air cuid de sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne air feadh na h-Alba. Nuair a sgrìobh sinn thugaibh às dèidh an sgrùdaidh mu dheireadh air Acadamaidh Hazlehead, thuirt sinn gum biodh sinn a' conaltradh ris an sgoil gus cunntas a thoirt air adhartas. O chionn ghoirid, rinn sinn conaltradh le luchd-obrach agus leis an ùghdarris ionadail agus thadhail sinn air Acadamaidh Hazlehead. Chuidich ar conaltradh sinn le bhith ag ionnsachadh barrachd mu mar a fhuair daoine òga agus an teaghlaichean taic tron ghalar lèir-sgaoilte COVID-19. Chuala sinn cuideachd mu dhòighean-obrach a tha air a bhith soirbheachail gus taic a thoirt do shlàinte is sunnd, ionnsachadh agus adhartas dhaoine òga. Bhruiddhinn sinn ris a' cheannard agus oifigear an ùghdarris ionadail mu adhartas na sgoile ann a bhith a' toirt air adhart na molaidhean bhon chiad sgrùdadadh againn, a chaidh fhoillseachadh san Faoilleach 2020.

Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn nuair a thadhail sinn.

A' toirt taic do chlann, daoine òga agus teaghlaichean tro COVID-19

Bhon chiad sgrùdadadh tha an t-àrd sgioba stiùiridh air atharrachadh. An-dràsta tha dithis cheannard dreuchdail agus dithis iar-cheannard an gnìomh a' toirt taic don cheannard. Tha COVID-19 air buaidh mhòr a thoirt air gach cuid comas ceannais agus luchd-obrach air feadh na sgoile. Tha luchd-obrach a' toirt taic mhath dha chèile gus seo a làimhseachadh. Ach, tha buaidh neo-làthaireachd luchd-obrach mar thoradh air COVID-19 a' ciallachadh nach urrainn dhaibh na prìomhachasan leasachaidh gu lèir a thoirt air adhart aig an astar a bha iad an dùil. Thug seo buaidh cuideachd air solar Foghlam Meadhan Gàidhlig.

Bha na h-amannan de dh'ionnsachadh iomallach as t-earrach 2020 agus tràth ann an 2021 a' ciallachadh gun deach ionnsachadh agus teagastg a libhrigeadh gu ire mhòr tro ghoireasan didseatach. Thug seo air daoine òga agus luchd-obrach an sgilean didseatach a leasachadh gu sgiobalta.

A bharrachd air libhrigeadh didseatach a' churraicealaim, gus taic a thoirt do dhaoine òga agus an teaghlaichean, leasaich sgioba de luchd-obrach làrach-lin feumail airson ionnsachadh dachaigh. Tha seo a' toirt a-steach ro-innleachdan practaigeach airson ionnsachadh aig an taigh, comhairle mu fhèin-chùram do phàrantan agus theaghlaichean agus sunnd inntinn aig an taigh.

Lean àrd-stiùirichean orra aig astar a' leasachadh inneal-tracaidh sònraighe gus raon farsaing de dh'fiosrachadh mu dhaoine òga a thoirt còmhla. Tha seo a' toirt a-steach, mar eisimpleir, deichead SIMD luchd-ionnsachaidh, am fiosrachadh taic a bharrachd aca agus tha e a' leigeil le tidsearan fiosrachadh measaidh a chur a-steach gu cunbalach.

Adhartas le molaidhean bhon chiad sgrùdadh

Tha cha mhòr a h-uile neach òg a-nis a' fàgail Acadamaidh Hazlehead le duais littearrachd aig ìre SCQF 4 no nas fheàrr. Ann an 2019 agus 2020, fhuair cha mhòr a h-uile neach-fàgail duais àireamhachd aig ìre SCQF 4 no nas fheàrr. Tha a' mhòr-chuid de dhaoine òga a-nis a' fàgail le duais littearrachd aig ìre SCQF 5 no nas fheàrr agus tha a' mhòr-chuid a-nis a' fàgail le duais àireamhachd aig an aon ìre.

Ged a tha coileanadh iomlan dhaoine òga ann an ÀS4 air a dhol am feabhas, tha coileanadh dhaoine òga ann an ÀS5 agus ÀS6 gu cunbalach nas isle na sgoiltean coimeasach air feadh na h-Alba. Tha sinn air comhairle a thoirt do àrd-stiùirichean gum feum ceannardan cuspair agus tidsearan barrachd aire a thoirt air leasachadh càileachd ionnsachaidh agus teagaisg, agus air a bhith a' dùileachadh coileanadh nas fheàrr bho dhaoine òga. Gu cunbalach, bidh cha mhòr a h-uile neach òg a tha a' fàgail Acadamaidh Hazlehead a' dol gu ceann-uidhe adhartach, agus ann an 2020 bha an àireamh sa cheud de dhaoine òga bho ÀS4 a' fàgail airson ceann-uidhe adhartach gu math nas àirde na sgoiltean coimeasach air feadh na h-Alba.

Chan eil plana leasachaidh na sgoile fhathast a' cuimseachadh gu leòr air na tha a dhìth bho luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga eòlasan foghlaim de dh'àrd-inbhe ann am Foghlam Meadhan Beurla agus na Gàidhlig. Bu chòir do àrd-stiùirichean, còmhla ri luchd-ùidh, a-nis obair còmhla gus a bhith nas soilleire mu dè a nì an t-eadar-dhealachadh as motha ann a bhith a' leasachadh coileanadh agus buileachadh gach neach òig. Bu chòir dhaibh an uair sin plana a leasachadh gus sùil a chumail air an adhartas a tha ga dhèanamh.

Tha luchd-obrach air cuid de dh'atharrachaidhean a dhèanamh air cursaichean agus prògraman a tha air an tabhann aig ceann shuas na sgoile. Tha seo a' leasachadh nan roghainnean airson daoine òga. Tha sinn air iarraidh air àrd-stiùirichean beachdachadh air a bhith ag obair nas dlùithe le com-pàrtichean no buidhnean eile gus na roghainnean curraicealaim a leudachadh. Tha seo a' toirt a-steach dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean air an tabhann aig an ìre cheart gus leigeil le daoine òga an ìre as àirde de theisteanasan as urrainn dhaibh coileanadh.

Tha faireachdainn deimhinneach agus gnothaicheil anns a' mhòr-chuid de chlasaichean. Ann am beagan leasanan, tha daoine òga air am brosnachadh agus gu mòr an sàs anns an ionnsachadh. Tha cothrom ann fhathast gnìomhan agus obair a thoirt seachad a tha a rèir feumalachdan dhaoine òga.

Tha tidsearan air obrachadh gu math gus na dòighean anns am bi iad a' toirt fios air ais do dhaoine òga mun ionnsachadh aca a leasachadh. Tha seo a' toirt a-steach a bhith a' cleachdadadh dhòighean didseatach, agus beachdan sgriobhte is labhairteach, air an dealbhadh gu sònraichte airson daoine òga a chuideachadh gus faighinn a-mach dè a dh'fheumas iad a dhèanamh gus an cuid ionnsachaidh a leasachadh. Tha seo ag obair nas fheàrr do dhaoine òga aig ceann shuas na sgoile. Tha tidsearan a' leantainn air adhart a' leasachadh càileachd fios-air-ais do dhaoine òga ann an ÀS1 gu ÀS3.

Tha luchd-obrach aig ìrean tràtha de phlanaichean gus leasachaidhean a thoirt air adhart air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Air sgàth atharrachaidhean san sgioba-obrach bha an sgoil às

aonais tidsear Gàidhlig airson ùine. Tha seo a-nis air a rèiteachadh agus tha comharran tràthha ann de bhuaidh adhartach. Tha seo a' toirt cothrom air leasachadh a dhèanamh air Gàidhlig mar Theisteanas Nàiseanta agus tuilleadh ionnsachaидh tron Ghàidhlig. Feumaidh àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gun cùm iad orra a' leasachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig a' leantainn gu aithne air coileanadh dhaoine òga le Teisteanasan Nàiseanta agus duaisean iomchaidh.

Dè thachras a-nis?

Tuigear gu bheil an sgoil air a bhith a' dèiligeadh ri dùblan a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19. Tha seo air buaidh mhòr a thoirt air obair na sgoile. Tha luchd-obrach a' cur an gnìomh planaichean gus taic a thoirt do ath-bheothachadh. Tha luchd-obrach cuideachd air a bhith a' dèanamh adhartas ann a bhith a' toirt air adhart raointean leasachaيدh bhon chiad sgrùdadh. Tha sinn ag aithneachadh gum feum an sgoil beagan ùine a bharrachd gus a prìomhachasan leasachaيدh a bhualeachadh. Tha sinn air iarraidh air Comhairle Baile Obar Dheathain tuilleadh fiosrachaيدh a thoirt dhuinn mu adhartas na sgoile taobh a-staigh 18 mìosan bho chaidh an litir seo fhoillseachadh. Obraichidh sinn còmhla ri oifigearan ùghdarrasan ionadail gus aontachadh dè thachras a-nis. Ma dh'fheumas sinn tadhail air an sgoil a-rithist, innsidh sinn do phàrantan/luchd-cùraim. Seach sin, leanaidh Comhairle Baile Obar Dheathain orra a' toirt fiosrachadh do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean àbhaisteach aca airson cunntas a thoirt air càileachd na seirbheis foghlaim aca.

Frances E. Graham
Neach-sgrùdaidh na Banrigh